

Feartan ann am bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain

Maoilios Caimbeul

Tha iomadh taobh air bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain, mar a bha iomadh taobh math air an duine fhèin. Cha d' fhuair mise eòlas air bàrdachd Shomhairle, no aisans, gus an deach mi dhan oilthigh ann an Dùn Èideann tràth sna seachadan. Bha mi an uair sin mu 29 bliadhna a dh'aois agus bha Somhairle na Sgrìobhaiche an sin. Bha seòmar aige ann an Tùr Dhàibhidh Hume far an robh Roinn na Ceiltis agus chuir e fàilte chridheil orm, mar a chuireadh e, tha mi glè chinnteach, air oileanach sam bith a thigeadh a dh'iarraidh comhairle. 'S e duine faisg, soirbh bruidhinn ris a bh' ann. Bha e na urram mòr coinneachadh ri duine a bha air leithid de làrach fhàgail air litreachas na Gàidhlig.

Mun àm sin cuideachd bha mi aig oidhche bàrdachd ann an taigh-òsta far an robh e a' leughadh agus bha an t-àite loma-làn. Bha e soilleir gun robh MacGill-Eain air cliù a chosnadh taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus sgapadh an cliù sin, chan ann a-mhàin air feadh Alba, ach chun na Roinn Eòrpa agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha nàire orm bhith smaoinichadh cho beag eòlas 's a bha agam air bàrdachd MhicGill-Eain aig an àm. Aon adhbhar air sin 's e cho doirbh 's a bha e a' bhàrdachd aige fhaighinn ann an cruinneachadh slàn. B' fhada o bha *Dàin do Eimhir agus Dàin Eile* a-mach à clò. Air an adhbhar sin, b' e bliadhna chudromach a bh' ann an 1977 do dhaoine a bha dèidheil air bàrdachd nuair a thàinig *Reothairt is Contraigh, Taghadh de Dhàin 1932 – 72*

a-mach bho Chanongate. Ged nach robh san leabhar sin ach taghadh den bhàrdachd aige, bha gu leòr ann airson dearbhadh, ma bha dearbhadh a dhìth, gun robh againn ann am MacGill-Eain bàrd cho math agus a sgrìobh ann an Gàidhlig riamh.

Tha barrachd air aon bhàrd air tagradh nach gabh a' bhàrdachd as fheàrr a bhith air a mion-sgrùdadh, gur e rud a th' innte a dh'fhairicheas tu nad fheadail (A.E. Houseman)¹ no a tha toirt mullach do chinn bhua (Emily Dickenson)². 'S e sin a' bhuaidh a bh' aig cuid de na dàin aig Somhairle orm nuair a leugh mi an toiseach iad agus air daoine eile a dh'aithnichinn. 'S e rud gnèitheach (instinctive) a tha seo, mar gum biodh duine a' blasadh biadh, agus cha ghabh e bhith air a mhìneachadh, dìreach mar nach gabh faireachadh a bhith air a mhìneachadh. Mìneachadh sam bith a thèid a dhèanamh, air bàrdachd mar seo, 's e leth-bhreith a bhios ann.

Ach 's fhiach luaidh a dhèanamh air feartan ann am bàrdachd, fhad 's a bhios sinn mothachail gur e leth-bhreith a th' ann an mion-sgrùdadh sam bith. Tha aon neart ann, saoilidh mi, ann am bàrdachd a tha a' toirt a' bhreab chorporra seo do dhuine: 's e sin far a bheil ceòl nam facal agus a' chiall a' dol còmhla mar mhiotaig agus làmh. Feumar bàrdachd mar seo a leughadh barrachd air aon uair – uair airson a' chiùil agus a-rithist airson a' chèill. Bàrdachd mar:

In the uncertain hour before the morning
Near the end of the interminable night
At the recurrent end of the unending
After the dark dove with the flickering tongue
Had passed below the horizon of his homing

While the dead leaves rattled on like tin
Over the asphalt where no other sound was
Between three districts whence the smoke arose
I met one walking.....
(T.S. Eliot, *Four Quartets*, Little Gidding II³)

agus bho *Dàin do Eimhir*

Bodhar, neo-shuaimhneach, am feirg,
àmhghar an cridhe na mòrachd,
binneas ceòl camhanaich nan eun,
òg mhadainn ceòl Bheethoven
(Dàn XXII)

Tha bàrdachd a tha toirt a' bhreab chorporra do dhuine buailteach a bhith le ceòl nam briathran agus a' chiall ag èirigh mar aon anail. Tha fios againn sa bhad gur e fìor bhàrdachd a th' innte a tha toirt a' phlosgaidh sin dhuinn.

Thug, ma-thà, a' bhàrdachd buaidh orm an uair sin agus thug i buaidh a-rithist orm nuair a thòisich mi ga rannsachadh gu mionaideach airson a' phròiseict 'Eadar an Saoghal 's a' Bhìothbhuan'[†]. Aon nì a bhuaill orm gu làidir 's e an neart a th' anns a' chiad chlà-bhualadh de na dàin a thàinig a-mach anns a' bhliadhna 1943. Tha an leabhar sin mar bheithir-theine.

Chan eil am moladh a tha Seumas Heaney a' toirt do *Dhàin do Eimhir* ceàrr idir nuair a tha e gan coimeas ris na dàin gaoil as fheàrr ann an litreachas na h-Eòrpa⁴. Ged a tha dàin ghaoil air leth cumhachdach ann an litreachas na Beurla agus Lallans – tha mi smaoinichadh air Burns, Marvell, Donne, Byron agus Hardy – cho fad 's is fiosrach leam chan eil *sreath* dhàn air gaol ann a tha nas cumhaichaiche na *Dàin do Eimhir* ach na sonaidean aig Shakespeare. Agus nuair a tha sgrùdaire cho lèirsinneach ri Heaney gan coimeas ris na dàin aig Dante do Bheatrice⁵, 's e moladh sònraichte a tha sin.

[†] Chuir Uarras Shomhairle pròiseact air bhonn ann an 2006/7 far am bi ceòl air a chur ri cuid de bhàrdachd Shomhairle. Tha neach-ciùil ag obair le sgoilearan à Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd anns a' Phloc airson seo a choileanadh agus cuideachd chaidh luchd-ciùil aithnaichte a bharantachadh airson ceòl ùr a sgrìobhadh, nam measg Màiri Anna NicUalraig, Blàir Dùghlas agus John Spillane. Bidh na pìosan ciùil ùr air am foillseachadh aig sia consairtean air feadh na Gàidhealtachd san Òg-mhìos, 2007.

Thuirt mi gur e aon adhbhar air cho beag eòlas agus a bha agam air bàrdachd MhicGill-Eain nam òige nach robh i ri faotainn anns na bùithtean leabhraichean. Ach bha adhbharan eile ann agus tha e ùidheil agus na fhosgladh sùla beachd a ghabhail air carson nach robh barrachd eòlais aig daoine 'air an t-sràid' no gu dearbha, air a' chroit air bàrdachd Shomhairle. Ged a thàinig an leabhar *Dàin do Eimhir agus Dàin eile*, a-mach ann an 1943, 's e glè bheag de na Gàidheil a bha fiosrach air a' bhàrdachd a bha ann – na sgoilearan gun teagamh, bha fios acasan, ach na daoine air an tuath 's e glè bheag de dh'eòlas a bh' aca oirre, ma chuala iad idir mu deidhinn.

Aon adhbhar cudromach air sin 's e cho ùr 's a bha an seòrsa bàrdachd seo do na Gàidheil. Tha gaol an cridhe aca air òrain, mar a bha aig MacGill-Eain fhèin⁶, ach mura gabh bàrdachd a seinn agus a cur ri fonn, airson cuid a Ghàidheil co-dhiù (agus tha seo gu ìre fìor fhathast) chan e bàrdachd cheart a th' innte. Gabhaidh sin a thuigsinn, oir ged a tha bàrdachd sgrìobhte agus bàrdachd litreachais de dh'iomadh seòrsa air a bhith cudromach do na Gàidheil tro na linntinn, 's ann tro sheinn agus aithris a tha mòran dhaoine a' faighinn eòlas air bàrdachd.

Anns an fhicheadamh ceud gu h-àraidh, thàinig sgaradh eadar bàrdachd nan òran agus bàrdachd na duilleige. Do na Gàidheil, agus iad a' tighinn barrachd is barrachd an lùib litreachais na Beurla, dh'fhàs an sgaradh sin nas cudromaiche. Ged a bha an sgaradh air a bhith ann fada ron fhicheadamh ceud, mar eisimpleir, anns na dealbhan-cluiche aig Shakespeare far a bheil iambic pentameter agus òrain taobh ri taobh, chì sinn modhan ùra a' tighinn a-steach, gu h-àraidh tron obair aig T. S. Elliot agus Ezra Pound. Tha saor-rannaigheachd a' gabhail thairis far an robh meadrachd ann am bàrdachd liriceach agus iomadh seòrsa saorsa eile cuideachd follaiseach – cuspair, faireachdainn, briathrachas agus eile.

Gun teagamh tha diofar sheòrsachan bàrdachd ann, dìreach mar a tha diofar sheòrsachan 'cruthan beatha' ('forms of life') no 'geamachan cànan' ann mar a mhìnich Wittgenstein na chuid feallsanachd⁷. Nuair a thig e gu ailtireachd cuideachd, gheibh sinn iomadh seòrsa àite-còmhnaidh – lùchairt, caisteal, flat, bungalo, taigh-comhairle, bothan, ach cha chan duine nach e àite-còmhnaidh a th' anns gach fear. Tha daoine a' gabhail ri 'geamachan cànan' agus togalaichean mar nithean a tha feumail nam beatha dìreach mar a tha cuid de dhaoine a' gabhail ri ceòl no bàrdachd mar nithean a tha gan sàsachadh ann an dòigh air choreigin.

Tha a' bhàrdachd ann an *Dàin do Eimhir* na crìoch eadar dà shaoghal; na crìoch ach cuideachd na ceangal. Tha i na crìoch eadar seann saoghal nan Gàidheal, far an robh nithean a' dol air adhart anns an t-seann dòigh, far an robh robh cofhartachd ann an creideamh agus ann an gaol, agus saoghal na ficheadamh linn – saoghal an Nuadhachais far an robh ceist fa chomhair a h-uile càil a bha roimhe seasmhach, far an robh bochdainn agus cràdh nas follaisiche na bha iad riamh, agus far an robh Olc a' gleac ri Math, Co-mhaoineas agus bùirdeasachd an aghaidh creudan na làimhe deise mar faisisteachd agus saoghal nan Nàsach.

Tha an strì a tha seo agus co-fhaireachadh airson nam bochdan agus daoine a tha a' fulang follaiseach ann am bàrdachd MhicGill-Eain bho thùs gu èis:

...
ach chunnaic mi bho àird a' Chuilithinn
gathadh glòir is breòiteachd duilghe:
chunnaic mi òradh lainnir grèine
agus boglach dhubh na brèine:

(Dàin do Eimhir XXXIV)

Fàsaidh is bàrcaidh an ruaimleach
's i bàthadh ann an tuil mòr brèine
na tha fialaidh, còir is dìreach,

critheanach gach uile thìre.

(An Cuilithionn, Earrann III)

...
Cò a thomhaiseas an cràdh
An ciùrradh a shracas an cridhe
Ged nach robh ann ach a h-aon,
Aon leanabh air nach fhacas
Blàth iongantach na h-òige,
Am blàth a dh'fhaodadh mairsinn
Ioma bliadhna gun sheargadh,
Ròsan a' fosgladh gu làn àilleachd.

(A' Ghort Mhòr)

Chaidh an dàn, 'A' Ghort Mhòr', fhoillseachadh ann an 1991 nuair a bha Somhairle 80 bliadhna a dh'aois agus tha e follaiseach gu bheil an aon cho-fhaireachadh aige do dhaoine a tha a' fulang agus a bha aige nuair a sgrìobh e *Dàin do Eimhir*. Tha 'boglach dhubh na brèine', na samhla air a h-uile càil a tha ceàrr ann am beatha na daonnachd mar a tha An Cuilithionn na shamhla cumhachdach air sireadh a' chridhe airson ceartas agus foirbheachd. Saoilidh mi gur e sin a tha a' stiùireadh cridhe an dàin sin, 'An Cuilithionn', glaodh an duine iochdmhor an aghaidh ana-ceartas agus brùidealachd agus daorsa.

Ged a bha Somhairle an aghaidh Creud sam bith a bha a' moladh an Taghaidh agus Ifrinn sìorraidh⁸ dh'fhaodamaid a ràdh anns an t-seagh seo co-dhiù, sin gun robh co-fhaireachadh aige do dhaoine brùite an t-saoghail seo, gun robh e faisg air beachd an Fhir a thuir 'Oir tha na bochdan agaibh a-ghnàth maille ribh...'⁹

Thuir mi gun robh a' bhàrdachd ann an *Dàin do Eimhir* na ceangal eadar dà shaoghal, cho math ri bhith na crìoch. Bha Somhairle air a bhogadh ann an dualchas agus ann an dùthchas nan Gàidheal.

Bha ùidh mhòr aige ann an òrain agus bàrdachd, ann am pìobaireachd agus iomain o bha e na ghille òg. Thug na h-òrain a bh' aig a sheanmhair air taobh a mhàthar buaidh mhòr air. Mar a tha e ag ràdh mun deidhinn: 'Most of the songs were that ineffable fusion of music and poetry in which the melodies seem to grow out of the words and be a simultaneous creation.'¹⁰ Thug am mothachadh a bha seo, gun robh ceòl cho cudromach do bhàrdachd agus gu dearbh nach gabhadh na dhà an sgaradh bho chèile, buaidh mhòr air a bhàrdachd, mar a chì sinn.

Ach bha Somhairle cuideachd air a bhogadh ann an dualchas eile, dualchas na ficheadamh linn, mar a dh'innis e fhèin anns an Ro-ràdh airson *O Choille gu Bearradh*. Bha e air a bhogadh chan ann dìreach ann an litreachas sean agus ùr na Beurla ach cuideachd anns na feallsanachdan ùra a bha a' toirt leithid de bhuaidh air smaointean dhaoine aig an àm, leithid Comannachas agus creudan na làimhe deise. Bha e furasta do MhacGill-Eain taghadh a dhèanamh eadar na creudan sin. Cha robh ach aon roghainn ann do dhuine le ciall agus tùr.

'S e mìorbhail a rinn MacGill-Eain nuair a chruthaich e *Dàin do Eimhir*. Tha e a' toirt an dà dhualchas san robh e bogte còmhla ann an dòigh a tha gu tur iongantach. Chan eil, agus tha teagamh agam nach bi, sreath de dhàin ghaoil ann an litreachas na Gàidhlig a thig an uisge-stiùrach nan dàn seo. Gabhaidh am buaidh a choimeas ris a' bhuaidh a bh' aig *Lyrical Ballads* (1798) air litreachas na Beurla. (Ged nach e bàrd Romansach idir a bh' ann am MacGill-Eain.) Chan eil sàmhla eadar a' bhàrdachd aig Crabbe agus Cowper no eadhon Blake ris an stuth ùr-nodha a thàinig sa bhliadhna sin bho Wordsworth agus Coleridge. Chuir Wordsworth roimhe gum biodh am briathrachas a chleachadh e stèidhichte air briathran nàdarrach an t-sluaigh. Mar a tha e fhèin ga chur: 'to relate or choose incidents and situations from common life, and to relate or describe them...in a selection of language really used by men.'¹¹ Eisimpleir math dhe sin 's e an dàn 'We are Seven':

'Sisters and brothers, little Maid,
How many may you be?'
'How many? Seven in all,' she said,
And wondering looked at me.¹²

Nise, ged nach eil briathrachas MhicGill-Eain sìmplidh anns an t-seagh anns a bheil briathrachas Wordsworth sìmplidh, tha e, gu ìre co-dhiù, ag èirigh a-mach à labhairt nàdarrach an t-sluaigh, ach cuideachd tha sin air a mheasgachadh le guth eile. Dè tha cho nàdarrach ri:

Choisich mi cuide ri mo thuigse
a-muigh ri taobh a' chuain:
bha sinn còmhla ach bha ise
a' fuireach tiotan bhuam.
(Dàin do Eimhir XXII)

Ach dè mu dheidhinn seo?:

An cuirear gu cuimir suas
anns a' chochur cluaineas saoghail,
ànradh an duine mhòir 's an truaigh
agus ciùin luathghair t' aodainn?
(Dàin do Eimhir, XXIII)

'S e àrd-bhriathrachas a tha seo. Tha MacGill-Eain ann an cuideachd nam bàrd. Tha am facal 'cluaineas' a' toirt nar cuimhne na briathran aig Uileam Ros,

'Cluain an domhain, truagh an dàil,
Gur cobhartaich don bhàs gach feòil.'

(ann an ‘Còmhradh Eadar am Bàrd agus Blàth-
bheinn’ ach cuideachd anns ‘An Suaithneas Bàn’)

agus an Rosach math dh’fhaodte a’ togail nam facal bho bheul-aithris. A-rèir Iain MhicAonghais, tha am facal ‘cochur’¹³ stèidhichte ann an diadhachd agus searmonachadh nan eaglaisean Clèireach ach tha MacGill-Eain a’ cur car beag ann an ciall an fhacail, ach chan eil a’ chiall a tha e a’ toirt dha san eadar-theangachadh a rinn e, ‘synthesis’, cho fada sin bho na ciallan eile a th’ aig an fhacal: ‘application, composition, arrangement, allocation, setting in order’ (Dwelly).

Chan e rud dona a th’ anns an àrd-bhriathrachas seo, a dh’aindeoin ’s na thuirt Wordsworth: ’s ann a tha an leudachadh briathrachais seo ag ùrachadh agus a’ neartachadh a’ chànan, mar a tha MacAonghais ag ràdh, ‘Wherever such extensions of meaning may have their source, they are to be regarded as an enrichment of the language.’¹⁴ Tha seo gu h-àraidh fìor a chionn ’s nach eil MacGill-Eain anns a’ mhòr-chuid den bhàrdachd aige uair sam bith ro fhada bho chainnt an t-sluaigh.

Chì sinn am measgachadh seo, de dh’àrd-bhriathrachas agus cainnt an t-sluaigh ann an *Dàin do Eimhir* IV. Tha an dàn seo na shàr eisimpleir air na feartan ùra agus na buadhan sònraichte leis an do bhris bàrdachd MhicGill-Eain air an t-saoghal ann an 1943.

A nighean a’ chùil bhuidhe, throm-bhuidh, òr-bhuidh,
fonn do bheòil-sa ’s gaoir na h-Eòrpa,
a nighean chasarlach aighearach bhòidheach,
cha bhiodh masladh ar latha-ne searbh ’nad phòig-sa.

An tugadh t’ fhonn no t’ àilleachd ghlòrmhor
bhuamsa gràinealachd mharbh nan dòigh seo,
a’ bhrùid ’s am meàirleach air ceann na h-Eòrpa
’s do bhial-sa uail-dhearg san t-seann òran?

.....

Dè gach cuach ded chual òr-bhuidh
ris gach bochdainn, àmhghar ’s dòrainn
a thig ’s a thàinig air slugh na h-Eòrpa
bho Long nan Daoine gu daors’ a’ mhòr-shluaigh?

Tha ceangal aig a’ bhàrdachd seo ris na seann òrain. Chithear seo ann an iomadh dòigh: mar eisimpleir, mar a tha ruith de bhuaidhean air an cleachdadh anns a’ chiad loidhne agus an àiteachan eile; anns a’ bhriathrachas mar ‘casarlach’ (curly locked) agus ‘cuach’ (lock, plait) agus ‘cual’ (gu samhlachail airson ‘full head of hair’) – faclan nach eil cumanta ann an cainnt làitheil; aicill eadar ‘òr-bhuidh’ agus ‘bheòil-sa’; comhardadh aig deireadh gach loidhne agus iomadh eisimpleir de uathne air feadh an dàn, ach chan ann an àiteachan far am biodh dùil ris. Mar eisimpleir, tha uathne ann eadar ‘throm-bhuidh’ (loidhne 1) agus ‘fonn’ (loidhne 2) agus eadar

‘gràinealachd’ (loidhne 6) agus ‘meàirleach’ (loidhne 7). Tha a’ bhàrdachd seo ceòlmhor, ach tha i ceòlmhor ann an dòigh a tha sean agus ùr.

Ach dh’fhaodadh gur e an rud as ùire mu dheidhinn na bàrdachd seo an ruitheam. An rud a tha cudromach ’s e gu bheil na ruitheaman stèidhichte air briathrachas labhairteach (colloquial diction) agus seo ag obrachadh ri aghaidh meadrachd riaghailteach le ceithir builleann anns gach loidhne. Anns an dàn seo tha e soilleir gu bheil am bard a’ bruidhinn ri a leannan. Tha na ruitheaman nàdarrach, dìreach mar gum biodh cuideigin a’ bruidhinn, ach aig an aon àm tha àrd-bhriathrachas air a mheasgachadh leis na ruitheaman sin. Sin aon de na buadhan a tha dèanamh na bàrdachd seo tur ùr. Chì sinn seo gu soilleir anns na briathran:

An tugadh corp geal is clàr grèine
bhuamsa cealgairachd dhubh na brèine
nimh bhùirdeasach is puinnsean crèide
is dìblidheachd ar n-Albann èitigh?

Tha seo a’ measgachadh ruitheaman labhairteach le àrd-bhriathrachas ann an dòigh a tha gu tur ùr ann am bàrdachd Ghàidhlig. Ach cuideachd tha rud eile ann, agus tha seo cudromach cuideachd: tha ceangal ga dhèanamh eadar na Gàidheil is Alba agus an Roinn Eòrpa. Chaidh MacGill-Eain a thilgeil, a dheòin na dh’aindeoin, ann am maelstrom na h-Eòrpa aig an àm, an dà chuid eachdraidh agus feallsanachd, agus tha seo a’ toirt farsaingeachd do *Dhàin do Eimhir* nach robh aig bàrdachd Ghàidhlig riamh roimhe.

Nì a chì sinn san dàn seo cuideachd, agus ann an *Dàin do Eimhir* air fad, ’s e an Nuadhachas a tha air a riochdachadh le bhith a’ cur nithean tur eadar-dhealaichte bus ri bus agus aghaidh ri aghaidh. Tha Teagamh aig cridhe Nuadhachais, agus tha a bhith a’ cur nithean mu choinneamh a chèile aig cridhe na bàrdachd ag gabhail ris gu bheil na teagamhan sin ann ann an cridheachan dhaoine.

Ann an dàn IV chì sinn ‘corp geal’ ri aghaidh ‘cealgairachd dhubh na brèine’; ‘bòidhchead is ceòl suaimhneach’ ri aghaidh ‘breòiteachd an adhbhair bhuaire seo’; agus ‘pòg do bheòil uaibhrich’ ri aghaidh ‘braon den fhuil luachmhoir’. Agus anns na Dàin air fad chì sinn na nithean seo aghaidh ri aghaidh: gaol do bhoireannach ri dìlseachd do chreud poiliteigeach; aodann a’ ghaoil ris na reultan fuara; slànachd ri briseadh; tìm agus buaidhean thim ri sìorraidheachd agus na mhaireas; gaisge agus gnìomhan gaisgeil ris ‘an t-slighe chrìon’; gaol a’ fàilneachadh ri gaol maireannach ann am bàrdachd; an dualchas Gàidhealach ri dualchas Eòrpach. Chan eil an sin ach beagan de na cuspairean a tha aghaidh ri aghaidh ann an Dàin do Eimhir.

Tha e a’ ciallachadh gu bheil na Dàin seo a’ glacadh a’ mhì-chinnt, am pian, an sireadh, an t-iarraidh airson nì seasmhach a tha aig cridhe Nuadhachais.

2007-01-11

Iomraidhean

1. *The Norton Anthology of English Literature*, Vol. 2, New York, 1968, d 1836
2. *A Handbook to Literature*, The Odyssey Press, 1972, d 405
3. *Four Quartets*, Faber
4. *Sorley MacLean, Critical Essays*, Ross & Hendry, Scottish Academic Press, 1986, d 4
5. *ibid.*
6. *O Choille gu Bearradh*, Carcanet/Birlinn, 1999, Preface, xi
7. *Philosophical Investigations*, Ludwig Wittgenstein, Blackwell, 1958, dd 8^e, 11^e, 88^e agus iomraidhean air feadh an leabhair
8. *O Choille gu Bearradh*, Preface, xii
9. Mata 26:11
10. *O Choille gu Bearradh*, Preface, xi
11. Norton Anthology 2, d 102
12. *ibid.* d 90
13. Sorley MacLean, *Critical Essays*, d 145
14. *ibid.* d 147

Leabhraichean

Dàin do Eimhir agus Dàin eile, William MacLellan, Glaschu, 1943

Reothairt is Contraigh, Canongate, Dùn Èideann, 1977

O Choille gu Bearradh, Carcanet/Birlinn, Manchester & Edinburgh, 1999

Somhairle MacGill-Eain, Dàin do Eimhir, Christopher Whyte ed., ASLS, Glasgow, 2002

Somhairle, Dàin is Deilbh, Angus Peter Campbell ed., Acair, 1991

The Companion to Gaelic Scotland, Derick S. Thomson ed., Gairm Publications, Glasgow, 1994

Sorley MacLean, Critical Essays, Ross & Hendry, Scottish Academic Press, Edinburgh, 1986